

*Oran Gaoil,  
Cuir a chinn dilis.*

An Duanag, ullamh le Bard  
mhic Illeain do chailein Iarla  
Earraghaidheal.

Beannachadh nan Arm.



Printed for and Sold by the Publisher, Inverary.

CUIR a chinn dilis, tharum do lamb.

S MI m shuidhe air an uilin,  
A' tuireadh 's a' caoineadh,  
Bhuail saighead a ghaoil mi,  
Direach gu m shail,  
Dh' fhas mi co lag,  
'S nach b' urain mi direadh,  
Le goirteas mo chinn,  
'S cha do shin i dhomh lamh.

'S mi m' shuidhe air 'n tulaich,  
An iumal na cuirte,  
Aig an harb mo rùin,  
'S an ionad ro ard,  
Thug i le fiunn-aireachd,  
Seallà dheth sùil orm,  
Thiuntaidh i cùlabh,  
Seachad air bàr.

Sheall mi m' dheoghaidh,  
Gu frao'arc dhi f haotainn,  
Chunnaic mi h' aodann,  
Farasta tlà,  
Chunnaic me fealladh  
A' mhealladh na milltean,  
'S aimidich mi,  
'S nach d' fhaod mi na pairt.

Tha maise ann' ad bhilibh,  
 Cha 'n aithris luchd ciuil e,  
 Thogadh tu sunnt ann tallachan ard,  
 Leagadh leat seachad,  
 Sat ghaisgich na ducha,  
 Le sealladh do shul  
 'S le guilain do ghnais.

Do bhraighe na 's gile  
 Na canach na dige,  
 Chite dol sios  
 'M fion bhainne bla,  
 'S iumad rud eile  
 Chan eil e ra fhaotain,  
 Cait bheil i sa n t saoghal,  
 Bean aogaist mo ghraidi.

Do chùl mar an 'canach,  
 Dealt mhilis 's cuirn air,  
 Chumas 'n driuchd  
 Gu dlù air a bhàr,  
 Na chuailein air casadh,  
 Na chleachdabh air lubadh,  
 'S do cheannaicht an crun,  
 Tha giulan a bhlàth.

Do għruaidh mar na corcan,  
 Beul socair o'm biuñ-sgeul,  
 Deud'mar na disne' s finealta dh fhas,  
 Do shliòs mar 'n eala,  
 'S do mheal-skulin mlogach,  
 Thalaidh thu m'inntin 's cha till u gu brach,

*An DUANAG, ullamh le Bard mhic Illeain do  
chailein Iarla Earraghaidheal.*

**T**RIALEAI mi leam dhuanaig ullamh,  
Gu Riogh Ghaidheal,  
Fear aig am bi bailte domhail,  
Sona saibhir.

Triath Earraghaidheal is fearr faicsinn,  
'S a 's modha maitheas,  
Cailein Iarla fui' chliù,  
'S e fial 'le flaitheas.

Abhul uasal farsuing freamhach,  
Da 'n cuibhe moladh,  
Crann is ùire dh fhas roimh thalamh,  
Lan do thoradh.

Seobhag is uaisle theid sna neulabh,  
Crann thair chrannabh,  
Mac rath thu chum Dià, gu h ullamh,  
Do 'n chliar ealdhain.

Mur leoghan neartmhòr neimhneach laidir,  
Thu 'n am na trioblaid,  
'S beag nach deachai Alb' air udal,  
Gus 'n do theasraig.

**A**n tra thriáfas Cailein Iarla,  
La shluagh bunaidh,  
Cuirear leis air fairg 'o chalaimh,  
Cabhlach ullamh.

Loingis leathann, laidir' luchdar,  
 Dealbhach dionach,  
 Is sleamhnai slios a dhol san fhuardh,  
 Dar chruaidh ramhach.

Togar an sin an geal chrainn chorrach,  
 Suas le 'n lonaibh,  
 'S ioma ball bhiodh teann ga dheanadh,  
 An am dhoibh seoladh.

Deantar ann stagh direach dualach,  
 Mun bhraighe toisich,  
 Togar na siuil mhor le maise,  
 Le scoid-lin crosach.

Deantar an chluas sa n chich thoisich,  
 Dhol san fhuardh,  
 Mar steud ro luath, struth ga sarach',  
 'S muir ga bualadh.

Liuthad laoch fulangach meannach,  
 Dorngheal treubhach,  
 A dh ìmireadh lub air a h àlach,  
 Sochdrach seitreach.

An deagh shluagh lionmhor sui'n lan armachd,  
 'O'm barcaibh reamhra;  
 Air adheasaimh daonnan neart nan guimhneach  
 Aig Righ Alba.

Le laoich a cheartais nuair a b' eigin,  
 Le cruaidh chogadh,  
 Bhuitheann sibh buaidh 's tha sibh oirdhearc,  
 'S fhuair sibh toiseach.

Ni 'n aithne dhomhsa bhur cairdean,  
 Ge farsuing m' eolas,  
 Ach 's ro chinteach leat gu'n eirich,  
 Mac Leoid Leoghais.

Fuil Mhic Intoisich gu h ullamh,  
 Feachd mhic Immi',  
 'S maирg air 'n leagadh iad 'm builleann,  
 'N am lann Iomairt.

Clann Illeain gu laidir lionmhор,  
 'O 'n tìr Mhuilich,  
 An dream thug buaidh ann sgach bealach,  
 Sa b' f hearr fuireach.

Brollach chlann Domhnuill ort a feathadh,  
 Da'n cliù buaidh larach,  
 Uaislean Inse-gall gu coimhliont,  
 Fir gun f haillinn.

Fhuair thu sud 'o'n Righ s gu'm b' airi,  
 Bhi t ard cheannart,  
 Air fearabh Alba bhi t ard bhritheamh,  
 Nithe sa n anama.

Tha thu t ard f hear coimhead agus gleatha,  
 Air a' chrich thall,  
 Rainig us bhuadhaich thu air naimhdean,  
 'S f huair thu siochaint.

Air ard chomhairlich na h Alba,  
 'S tu'n stiuir uile,  
 Do cho maith cha d f huaradh an seانachas,  
 'O linn Uilliam.

Wala's flath na m fear gun choimeas,  
 Ann measg dhaoine,  
 Cailein na dheigh sin gun choimeas,  
 An t Iar' Aorach.

Ge ro' mhór t innmh, t ainm us t onair,  
 'S mo' do ghliocas,  
 Rinn thu bun steidh na firinn,  
 Us an cheartais.

Rinneadh leat dlithe cheart,  
 Do lag 's do laidir,  
 Beannachd gach aon duin ad chuideachd,  
 Ghall us Ghaidheal.

An t Athair naomh bhidhuinn da d'ghleathadh,  
 Us mac na firinn,  
 An spiorad naomh a dhion do naire,  
 A Righ Lochfine.

Ni n d'fhuras do cho math do dh urrainn,  
 'S ni mo do fhiarsas,  
 A cheann na 'm fear bu phailt curam,  
 Leat a thrialfainn.

---

*Beannachadh nan Arm.*

**G**UM beaunuiche Dia air claidhmhean,  
 'S air lannan spainteach geur-ghlas,  
 Air luirichean troma maillich,  
 Nach geairte le faobhar tais,  
 Air lamhannan cruadhach 's air gorsaid,  
 'S air sciathan ean-dealbhach dualach,

Beannuich gach armachd gu h iomlan,  
 Thait ar n iumchar 's air crios guaille,  
 Ar Boghannan foinealach iubhair,  
 Ghabhadh lugha ri uchd tuasaid.  
 'S na saighdean beithe nach spealgadh,  
 Ann am bailagan a bhruiic ghruamaich,  
 Beannuich air bioddag 's air dagga,  
 'S air n'eile gast ann an cuaicchein  
 'S gach trealaich cath, agus comhraig  
 Tha m bàrc Mhic Dhomhnuil san uair seo,  
 Na biodh simpleachd oirbh na taise,  
 Gun dol air ghaisge le cruidal.  
 Fhad sa mhaireas ce ithir buird dhith,  
 Na bhios caraid shùdh dhith fuaite,  
 Fad sa shnanihas i' fuidh'r casabh,  
 Na dh fhuireas cnag dhith an uachdar,  
 Dhaindeoin aon fluatháis ga'm faic sibh,  
 Na meataiche gart a chuain sibh.  
 Ma ni sibh cothacha ceart,  
 'S nach mothaich an fhairge sibh diblidh,  
 Gun islich a h ardan sa beachid,  
 'S gar cosnadh scairteil gun strioc i,  
 Do cheile comhraig air tìr,  
 Mar faic e thu cintinn tais,  
 'S doch e bhogachadh san strìth,  
 Na chintiunn idir ni 's brais,  
 'S amhil sin ud tà mhuir mhòr,  
 Coisinn i le colg 's le sùrd;  
 'S umhlaich i dhuit fa-dheoidh,  
 Mar a dhordaich riogh nan dùl.

## C R I O C H.